



DEISEIL GU EADAR-THEANGACHADH

A bheil sibhse eòlach air cuideigin aig a bheil duilgheadasan bruidhinn anns a' Bheurla? A bheil seo a' cur bacadh orra o bhith a' faighinn an fhiosrachaidh no nan seirbheisean air a bheil iad a' cur feum? Is dòcha gu bheil e gam fàgail mi-chomhfhurtail a bhith an crochadh air an teaghlach agus an caraidean gus bruidhinn a dhèanamh dhaibh? **Ma tha, tha an Iomairt leis an Logo “Deiseil gu Eadar-theangachadh” ann gus cuideachadh a dhèanamh!**

DÈ THA ANNS AN LOGO “DEISEIL GU EADAR-THEANGACHADH”?

Tha an Logo “Deiseil gu eadar-theangachadh” a' samhlachadh conaltraidh shoirbheachail eadar dithis 's iad gun chànan coitcheann eatarra. Chaidh an logo a thaghadh le coimhearsnachdan eadar-dhealaichte air feadh na h-Alba tro sgrùdadh anns an robh daoine a' bhòtadh. Tha an iomairt seo ga chur air dòigh gus cuideachadh a dhèanamh dha daoine ann an Alba a tha gun Bheurla, a bhruidhneas no a leughas beagan dhi, no a bhios a' cleachdadh cànan neo-labhairteach. Bidh buidhnean a bhios a' sealltainn an Logo a' toirt seachad taic le bhith a' dèanamh eadar-theangachaidh air pàipear agus gu labhairteach.

DÒIGHEAN EADAR-THEANGACHAIDH EADAR-DHEALACHTE.

Air pàipear - bidh faclan sgrìobhte air an cur bho aon chànan gu cànan eile.
Gu labhairteach - bidh dithis, no barrachd, nach bruidhinn an t-aon chànan a' conaltradh tro chuideigin a tha fileanta anns an dà chànan. Tha eadar-theangairean proifeiseanta nan eòlaichean-cànain le trèanadh sònraichte. Tha iad air an ceangail ri còd obrachaidh agus slatan-tomhais a thaobh cho math 's a dh'fheumas an obair aca a bhith. Tha seo gus dèanamh cinnteach gum bi an obair ceart, gun taobh, cunntachail agus dìomhair. Tha cuid ann a bhios a' gabhail gnothaich ris a' chànan teicnigeach a thathas a' cleachdadh ann an cuspairean mar lagh agus leigheasachd.

CIAMAR AS URRAINN DHAN LOGO “DEISEIL GU EADAR-THEANGACHADH” DAOINE A CHUIDEACHADH?

Nuair a bhios cuideigin aig nach eil mòran Beurla a' tadhal air buidheann aig a bheil an logo “Deiseil gu Eadar-theangachadh”, gabhaidh ball den luchd-obrach ceuman

GÀIDHLIG GAELIC

gus dearbhadh dè an cànan as fheàrr leotha a bhith a' cleachdadh agus dè am fiosrachadh no na seirbheisean a tha iad ag iarraidh. Dh'fhaodadh gun tèid iarraidh orra an cànan aca a chomharrachadh air cairt, no seirbheis-cànain a chleachdadh air an fòn. Nuair a thèid an cànan agus na tha a dhith orra a dhaingneachadh thèid coinneamh le eadar-theangair a chur air dòigh, no thèid pàipearan eadar-theangachadh dhan chànan aca (ma bhios èiginn ann thèid oidhirp a dhèanamh gus dàil sam bith a sheachnadh).

CUIN AGUS CÀITE AM FAIGH DAOINE NA SEIRBHEISEAN SEO?

The dhà no trì buidhnean poblach a' feuchainn an Logo "Deiseil gu Eadar-theangachadh" ann an 2005-07 gus dearbhadh a dhèanamh air. Anns a' chiad àite tha grunn roinnean taobh a-staigh **Comhairle Baile Dhùn Èideann, Poileas Labhdaidh agus nan Crìochan, Comhairle Mhoireibh, NHS Labhdaidh, agus Buidheann Taigheadais Trust, Hanover (Alba) & Beild** (thèid buidhnean eile a bhios an sàs ann an dearbhadh ainmeachadh fhathast). Aig deireadh an ama seo, thèid buidhnean eile am brosnachadh gus ballrachd a thoirt a-mach agus an Logo "Deiseil gu eadar-theangachadh" a chleachdadh. Thathas an dòchas, rè ùine, gum bi mòran bhuidhnean poblach agus prìobhaideach ann an Alba a' cleachdadh an Logo agus gun dèan seo cùisean nas fhasa dha daoine a tha ag iarraidh fiosrachaidh agus sheirbheisean.

FIOSRACHADH EILE

Ma tha sibhse eòlach air duine sam bith a dhèanadh feum às an Logo "Deiseil gu Eadar-theangachadh" nach innis sibh dhaibh mu dheidhinn. Airson eadar-theangachaidhean gu cànanan eile no cruthan eile (leithid Braille, teip no clò-sgrìobhadh mòr) cuiribh fòn gu 0131 444 4951 no sgrìobhaibh gu: "Happy to Translate" Logo Initiative, 12 New Mart Road, Dùn Èideann EH14 1RL. Faodar a' bhileag seo fhaicinn air an eadar-lìon cuideachd aig: www.happytotranslate.com.

A' cur co-ionannachd chothroman air adhart le bhith a' sàrachadh chnapan-starra cànain